

4 Gearran 2020

A Phàrant/Neach-cùraim chòir

San t-Samhain 2019, thadhail sgioba luchd-sgrùdaidh bho Foghlam Alba air Àrd-sgoil Thiriodh, Bun-sgoil agus Clas-àraich Thiriodh. Rè ar turais, bhruidhinn sinn ri pàrantan/luchd-cùraim agus ri clann agus dh'obraich sinn gu dlùth leis a' cheannard agus an luchd-obrach.

Fhuair an sgioba sgrùdaidh na neartan a leanas ann an obair na sgoile.

- Ceannardas làidir a' cheannaird-gnìomha eadar-amail ann a bhith a' leasachadh cultar fosgailte agus co-obrachail. Tha àrd-stiùirichean a' toirt deagh thaic dhan cheannard ann a bhith a' toirt leasachadh air adhart air feadh na sgoile.
- Adhartas na sgoile ann a bhith ag obair le com-pàirtichean gus eòlas ionnsachaidh na cloinne agus nan daoine òga a bheirteachadh. Daoine òga aig na h-ìrean as sine a' faighinn buannachd bho chothrom, a' cleachdadh teicneòlas didseatach, air raon nas fharsainghe de chùrsaichean a tha a' leantainn air adhart gu teisteanasan.
- Tha luchd-obrach agus com-pàirtichean air obrachadh còmhla gu math gus ìre-cleachdaidh air Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig a leasachadh agus a mheudachadh. Mun àm a ruigeas iad deireadh ìrean na bun-sgoile, tha coileanadh na cloinne math ann an litearras agus Gàidhlig.
- Tha feallsanachd àrachail agus cùramach sa chlas-àraich, anns a bheil càirdeasan deimhinneach eadar an sgioba-obrach agus a' chlann, a' toirt taic do shuidheachadh ionnsachaidh in-ghabhalta.
- Soirbheachasan chloinne agus dhaoine òga ann an ceòl agus òran tro mheadhan na Gàidhlig agus na Beurla. Tha na coileanaidhean sin a' toirt taic do leasachadh misneachd agus fèin-mheas na cloinne agus nan daoine òga agus gan cuideachadh len tuigsinn mu an coimhearsnachd eileanach.

Chaidh na raointean a leanas a chomharrachadh airson an leasachadh agus chaidh bruidhinn mun deidhinn ris a' cheannard agus ri riochdaire bho Chomhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid.

- Leasachadh càileachd an teagaisg, ionnsachadh agus measadh thar na sgoile agus a' chlas-àraich. Bu chòir dha na tidsearan modhan-obrach a leasachadh a thaobh measadh earbsach air adhartas chloinne agus dhaoine òga bhon tràth-ìre suas gu deireadh ÀS3.
- Leantainn air adhart a' neartachadh mhodhan-obrach a thaobh bogadh sa Ghàidhlig aig ìrean a' chlas-àraich agus na h-àrd-sgoile. Bu chòir do na h-àrd-stiùirichean cothrom a thoirt do dhaoine òga aig ìrean na h-àrd-sgoile am foghlam a bhith aca tro mheadhan na Gàidhlig, agus a' Ghàidhlig ionnsachadh mar dhàrna cànan, aithnichte le duaisean agus teisteanasan.

- Leantainn air adhart a' leasachadh tuigse an luchd-obrach air an dreuchdan agus an dleastanasan ann a bhith a' cur taic ri sunnd na cloinne agus nan daoine òga air fad. Bu chòir do luchd-obrach, thar ìrean na bun-sgoile agus na h-àrd-sgoile, a bhith a' leantainn orra a' leasachadh dhàimhean deimhinneach agus àrd-dhùilean a bhith aca a thaobh na cloinne agus nan daoine òga.
- Bu chòir do luchd-obrach, a' gabhail a-steach nan ceannardan sa mheadhan, am modhan-obrach a thaobh sgrùdadh agus luachadh an cuid obrach fhèin a leasachadh, tro thuigse nas motha do dhùilean agus inbhean nàiseanta. Leigeadh seo an uair sin le tidsearan coinneachadh nas fheàrr ri feumalachdan an cloinne agus an daoine òga.

Chruinnich sinn fianais gus cothrom a thoirt dhuinn luachadh a dhèanamh air obair na sgoile a' cleachdadh ceithir comharran càileachd bho [Dè cho math 's a tha an sgoil againn? \(4mh eagraan\)](#) agus [Dè cho math 's a tha ar tràth-ionnsachadh agus cùram chloinne?](#). Bidh comharran càileachd a' cuideachadh sgoiltean, ùghdarrasan ionadail agus luchd-sgrùdaidh gus breith a thoirt air dè a tha ag obair gu math agus dè a dh'fheumas a bhith air a leasachadh. An dèidh sgrùdadh a dhèanamh air gach sgoil, bidh Riaghaltas na h-Alba a' cruinneachadh mion-fhiosrachadh de ar luachaidhean gus lorg a chumail air dè cho math 's a tha sgoiltean ann an Alba a' dèanamh.

Seo luachaidhean Foghlam Alba airson Àrd-sgoil Thiriodh, Bun-sgoil agus Clas-àraich Thiriodh

Comharran càileachd airson ìrean bun-sgoile agus àrd-sgoile	Luachadh
Ceannardas air atharrachadh	riarachail
Ionnsachadh, teagasg agus measadh	riarachail
Ag àrdachadh buileachadh agus coileanadh	riarachail
A' dearbhadh sunnd, co-ionannachd agus in-ghabhaltas	riarachail
Tha tuairisgeulan de na luachaidhean rim faotainn bho: Dè cho math 's a tha an sgoil againn? (4mh eagraan) . Pàipear-taic 3: An sgèile sia puing	

Comharran càileachd airson a' chlas-àraich	Luachadh
Ceannardas air atharrachadh	riarachail
Ionnsachadh, teagasg agus measadh	riarachail
A' daingneachadh adhartas na cloinne	riarachail
A' dearbhadh sunnd, co-ionannachd agus in-ghabhaltas	riarachail
Tha tuairisgeulan de na luachaidhean rim faotainn bho: Dè cho math 's a tha ar tràth-ionnsachadh agus cùram chloinne? Pàipear-taic 1: An sgèile sia puing	

Bidh sgrìobhainn le fiosrachadh nas mionaidiche, ainmichte mar Gheàrr-iomradh air Toraidhean an Sgrùdaidh (SIF) ri fhaotainn air làrach-lìn Foghlam Alba:
<https://education.gov.scot/education-scotland/inspection-reports/reports-page/?id=4986>

Dè thachras a-nis?

Iarraidh sinn air Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid aithisg ullachadh mu adhartas leis na raointean a chaidh aontachadh airson a bhith air an leasachadh taobh a-staigh bliadhna on thèid an litir seo fhoillseachadh. Le bhith a' gabhail sùim den aithisg adhartais, thig sinn an uair sin gu co-dhùnadh am bi feum air tuilleadh conaltraidh leis an sgoil. Is dòcha gum bi seo a' gabhail a-steach cuairt sgrùdaidh eile. Sgrìobhaidh Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid thugaibh a-rithist a' toirt mion-chunntas air na leasachaidhean a tha an sgoil air a dhèanamh agus ag innse mu ghnìomh sam bith eile a tha sinn an dùil a choileanadh, mar a thèid aontachadh le Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid.

Guch Dhillon
 Neach-sgrùdaidh na Banrigh